




2023–2024 Aithisg Bhliadhnail

Annual Report



Luchd-obrach 2023–24

Staff 2023–24

Leòdhas | Lewis

Dòmhnall U MacGilleMhoire, Ceannard
Donald W Morrison, Chief Executive

Dòmhnall I MacRisnidh, Ceannard Phròiseactan
Donald J MacRitchie, Head of Projects

Mairead NicIlleathain, Manaidsear Oifise
Margaret MacLean, Office Manager

Mòrag NicIlleathain, Eadar-theangair
Morag MacLean, Translator

Jayne NicAsgaill, Oifigear Leasachaidh
(Goireasan Bun-sgoile, Foghlam Gàidhlig)
Jayne MacAskill, Development Officer
(Primary Resources, Gaelic Education)

Criosaidh NicRath, Oifigear Leasachaidh, Pròiseact Briathrachais
Chrissie MacRae, Development Officer, New Terminology

Kristy Nic a' Ghobhainn, Neach-dealbhachaidh & Neach-rianachd Phròiseactan
Kristy Smith, Designer & Projects Administrator

Jamie MacGillEathain, Neach-taic Rianachd
Jamie MacLean, Admin Assistant

Inbhir Nis | Inverness

Catrìona Mhoireach, Oifigear Dearbhadh Càileachd
Catriona Murray, Quality Assurance Officer

Aonghas I MacDhòmhnaill, Oifigear Curraicealaim
Angus J MacDonald, Curriculum Officer

Angela Nic a' Mhaoilein, Oifigear Leasachaidh
(Goireasan Bun-sgoile, Foghlam Gàidhlig)
Angela MacMillan, Development Officer
(Primary Resources, Gaelic Education)

Port Rìgh | Portree

Niall Mac a' Ghobhainn, Ceannard Seirbhisean Leasachaidh
Neil Smith, Head of Development Services

Emma Burrows, Sgrìobhaiche Cùrsa
Emma Burrows, Course Writer

Uibhist a Tuath | North Uist

Màiri NicRisnidh, Oifigear Curraicealaim
Mairi MacRitchie, Curriculum Officer

Beinn na Faoghla | Benbecula

Sarah NicEachainn, Oifigear Curraicealaim
Sarah MacEachen, Curriculum Officer

Ceann Rois | Kinross

Áine Dhruimeanach, Prìomh Neach-dealbhachaidh (Clò)
Anne Drummond, Principal Designer (Publications)

Buill a' Bhùird-stiùiridh 2023–24

Board Membership

Gillian Campbell-Thow, Cathraiche/Chair
Comhairle Baile Ghlaschu
Glasgow City Council

Bethan Owen, Comhairle Baile Dhùn Èideann
City of Edinburgh Council

Brendan Docherty
Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid
Argyll and Bute Council

Jill Woodward Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath
North Lanarkshire Council

Lena Walker
Comhairle na Gàidhealtachd
Highland Council

Evelyn Coull NicLeòid, Comhairle nan Eilean Siar
Evelyn Coull MacLeod, Comhairle nan Eilean Siar

Ro-ràdh bhon neach-cathrach

Gillian Campbell-Thow



A' coimhead air ais air a' bhliadhna a dh'fhalbh, tha e follaiseach gu bheil dealas Stòrlann a thaobh taic a chur ri Foghlam Meadhan Gàidhlig agus ri Gàidhlig fhèin fù 's nas làidire a-nis. A dh'aindeoin gach atharrachadh agus dùbhlán, tha an sgioba

againn air seasmhachd, comas freagrachaidh agus cruthachalachd nach beag a nochdadh.

Am-bliadhna, tha Stòrlann air obrachadh gu cruaidh gus na bha air a shùileachadh, agus barrachd, a choileanadh fo stiùir a' Cheannaird agus le dìcheall gach neach a bha na lùib. Chùm sinn a' toirt prìomhachas do thaic riatanach do sgoilearan, tidsearan agus pàrantan, agus mar sin tha sinn air cur ris a' chruinneachadh againn

de ghoireasan air-loidhne do luchd-ionnsachaidh agus fileantaich sa bhun-sgoil agus san àrd-sgoil. Ann an compàirteachas ri Bookbug Scotland agus Acair, tha sinn a' sìor leudachadh na th' againn de ghoireasan do luchd-ionnsachaidh ro-sgoil, 's e nar rùn taic a chur ri Gàidhlig bhon fhìor thoiseach.

Lean An t-Alltan, am portal do leasachadh dreuchdail, san riochd shoirbheachail air-loidhe, le seiseanan tràanaidh ùra gan cur ris gus feumalachdan coimhearsnachd ionnsachaidh na Gàidhlig a choinneachadh. Tha co-obrachadh feumail le compàirtichean leithid Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba, e-Sgoil, Foghlam Alba, Foras na Gaeilge, Colmcille agus eile air cur gu mòr ri cothroman ionnsachaidh sa Ghàidhlig.

Ged a thàinig dùbhlain mhòra sa bhliadhna a dh'fhalbh, chùm sinn ar n-aire air sunnd inntinneil agus faireachail na sgioba. Tha proifeiseantachd agus dealas na sgioba air a bhith nam brosnachadh dhuinn uile, agus tha am bòrd gu mòr an comain gach neach airson an saothair.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri sreath fharsaing de dh'iomairtean ùra a th' againn san amharc. Bhon tràth-ìre suas dhan àrd-sgoil, tha na pròiseactan seo air an dealbh gus piseach a thoirt air ionnsachadh agus ceangalan nas làidire a dhèanamh ris a' choimhearsnachd dha bheil sinn ag obair. Tha sinn nas dealasaiche na bha sinn riamh a thaobh taic a chur ri sgoilearan, tidsearan agus teaghlaichean air feadh Alba.

Mo thaing mhòr don sgioba mhòrbaileach againn, do bhuill a' bhùird, do sgoilearan, tidsearan agus pàrantan, agus don h-uile duine a tha a' cur taic ri misean Stòrlann. Cha ghabh luach a chur air na tha sibh a' dèanamh. Tha sinn gu mòr an comain Bòrd na Gàidhlig, Riaghaltas na h-Alba agus ar compàirtichean gu lèir ann an leasachadh Gàidhlig airson taic leantainneach a chur rinn.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri bliadhna eile de choileanadh, ionnsachadh agus leasachadh còmhla.

Chairpersons Introduction

Gillian Campbell-Thow

As we look back on the past year, it's easy to see how Stòrlann's dedication to supporting Gaelic Medium Education and promoting the Gaelic language has grown stronger. Despite all the changes and challenges, our team has shown true resilience, adaptability, and creativity.

This year, Stòrlann has worked hard to meet and exceed expectations, thanks to the guidance of our Chief Executive and the commitment of everyone involved. We've continued to prioritise essential support for pupils, teachers, and parents, helping us expand our collection of online resources for both learners and fluent speakers in primary and secondary schools. Our range of resources for pre-school learners continues to be expanded in partnership with Bookbug Scotland and the

Gaelic publishing company Acair, in line with our mission to support Gaelic from the very start.

Our professional development portal, An t-Alltan, successfully continued in an online format, adding fresh training sessions to meet the needs of the Gaelic education community. Working together with partners like Historic Environment Scotland, e-Sgoil, Foghlam Alba, Foras na Gaeilge, Colmcille, and others has been invaluable in expanding Gaelic learning opportunities.

Though this past year brought some big challenges, we kept a close eye on the mental and emotional well-being of our team. Their professionalism and dedication have been a true source of inspiration for us all, and the board deeply appreciates the hard work each person has put in.

Looking forward, we're excited about the wide range

of new initiatives we have planned. From early years through to high school, these projects are designed to enhance learning experiences and strengthen our connections with the communities we serve. Our commitment to supporting pupils, teachers, and families across Scotland has never been stronger.

To our incredible team, board members, pupils, teachers, and everyone else who supports Stòrlann's mission—thank you! Your contributions are invaluable. We're also deeply grateful for the ongoing support from Bòrd na Gàidhlig, The Scottish Government, and all of our partners in Gaelic development.

We look forward to another year of shared achievements, learning, and development.



Lèirmheas a' cheannaird Dòmhnall U MacGilleMhoire

Siud agaibh bliadhna eile ris an àireimh!

A' toirt sùil thar na bliadhna obrach gu deireadh Màrt 2024 tha mi toilichte an cothrom fhaotainn airson geàrr-iomradh a thoirt dhuibh air na chaidh a choileanadh le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig thairis air na mìosan a dh'fhalbh, le iomradh aithghearr air amasan na buidhne airson na bliadhna ri teachd.

Ann an 2024 tha clach-mhìle eachdraidheil air nochdadh, a' sònrachadh g' eil fichead 's a còig bliadhna ann bho chaidh Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a stèidheachadh.

Thairis air an ùine sin thàinig atharrachadh nach bu ghann air saoghal nan goireasan Gàidhlig. Far an robh uair goireasan Beurla air an còmhach le briathran Gàidhlig, thòisich Stòrlann air goireasan gleansach ullachadh agus fhoillseachadh.

Le fàs a' tighinn air an raon a thaobh àireamh nan sgoilearan agus ìre nan cuspairean, chaidh leudachadh a dhèanamh air briathrachas cuspaireil mar Matamataig, Saidheansan, Cruinn-eòlas agus Nuadh-eòlas.

Mar iomadh raon obrach eile dh'fhosgail uinneag ùr-nodha air an t-saoghal mhòr, tro sheirbheis an eadar-lìn. Lean Stòrlann an gluasad le làraich shònraichte a' fosgladh dhorsan gu sgaoilteachd de ghoireasan Gàidhlig airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus luchd-ionnsachaidh. Tha na goireasan sònraichte seo a' còmhach ìre ro-sgoile, bun-sgoile agus àrd-sgoile.

Gu làthaireil, tha mìltean de ghoireasan rim faotainn ann an riochd foillsichte agus air-loidhne.

Air a' bhliadhna seo, chaidh mòran ghoireasan a sgaoileadh gu sgoiltean thar Alba. Thathas a' toirt iomradh air cuid de na goireasan sin anns an aithisg seo fhèin.

Le sgeama fonaigs ùr stèidhichte agus ann an làmhnan nan tidsearan 's nan sgoilearan, tha Stòrlann air tòiseachadh a' cur sùil ri sgeama leughaidh ùr. Tha dùil gun tèid an sgeama seo a sgrìobhadh gu tùsail sa Ghàidhlig.

Tha trèanadh agus taic do luchd-teagaisg a' leantainn air làrach-lìn 'An t-Alltan' le cothroman trèanadh air an dealbh le tidsearan do thidsearan. A thuilleadh air na tha ri fhaotainn air-loidhne, tha Stòrlann a' frithealadh làithean fiosrachaidh do sgoilearan agus pàrantan.

Anns an là a th' ann, tha mòran de na sgoilearan a tha an sàs ann am foghlam Gàidhlig a' tighinn bho dhachaighean anns nach eil Gàidhlig stèidhichte mar chànan na dachaigh. Mar dhòigh air taic a thoirt do sgoilearan agus pàrantan tha Stòrlann a' ruith seirbheis Gaelic4Parents tro làrach-lìn a tha loma-làn de leabhraichean, fiosrachadh agus goireasan feumail. Gheibh luchd-cleachdaidh an tuilleadh de fhiosrachadh agus taic tro làrach Facebook – tha meas mòr air an t-seirbheis seo le còrr air naoi mìle neach-leantainn air clàradh.

Tha ceangalan eadar-nàiseanta a' leantainn agus bha Stòrlann toilichte goireasan ionnsachaidh a chur gu ruige Taigh Sgoile na Drochaide ann am Mabou, Canada. Chaidh seo a dhèanamh le taic bho Riaghaltas na h-Alba. Lean an co-obrachadh eadar Stòrlann agus Èirinn tro bhith a' cruthachadh goireas ùr le abairtean cumanta

ann an Gàidhlig agus Gaeilge. Is e Abair Seo an t-ainm a tha air a' ghoireas seo a chaidh a thoirt gu bith le taic bho Iomairt Cholmcille.

Mar a gheall mi, bu mhath leam iomradh goirid a thoirt air na tha aig Stòrlann san amharc mu choinneamh na bliadhna a tha ri teachd.

Ma thèid cùisean leinn, tha dòchas gun tèid an sgioba a neartachadh le dreuchd ùr a ghabhas uallach airson goireasan ionnsachaidh agus ceangal ri luchd-teagaisg. Air taobh nan goireasan, thèid tòiseachadh air seatadh agus sgrìobhadh airson sgeama leughaidh ùr le taic bho luchd-teagaisg agus sgoiltean, an cois sgaoilteachd de ghoireasan eile aig diofar irean.

Tha e iomchaidh taing air leth a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba airson na taic a tha iad a' toirt do Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig aig àm a tha dùbhlach do na h-uile.

Mar bhuidheann nàiseanta, tha Stòrlann a' dèanamh fughar ri làn-phàirt a ghabhail ann an libhrigeadh nan amasan nàiseanta a nochdas romhainn a' lùib Bile nan Cànanan Albannach agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Anns an dùnadh bu mhath leam taing air leth a thoirt do mo cho-obraichean, agus do na tha agus na bha an sàs ann an Stòrlann thar an fhichead agus a còig bliadhna a chaidh. Bu mhath leam cuideachd taing a thoirt don mhuinntir sin a tha an lùib raon-obrach foghlam Gàidhlig, airson an taic a thaobh ar n-amasan a libhrigeadh agus airson cruinneachadh farsaing de ghoireasan feumail a chur ann an làmhnan nan sgoilearan, nan tidsearan agus nam pàrantan.

Tha sgeilp nan goireasan Gàidhlig, ann an clò agus air-loidhne, a' seasamh mar fhianais air an obair iongantach a chaidh a dhèanamh gu ruige seo. Is e an deagh naidheachd g' eil sùil ris an tuilleadh.



Chief Executive's Review

Donald W Morrison

And so another year has passed!

Looking back over the year to March 2024 I am pleased to be able to give you a summary of all that Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig has achieved in these past months, and to refer briefly to the targets the company has for the year ahead.

2024 includes a historic milestone for the company, twenty five years since the establishment of Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

In that time the world of Gaelic resources has transformed. Where once English resources with Gaelic paste-over text were used, Stòrlann began to produce bright, classy resources.

As the number of pupils and subjects in the field grew, the terminology for topics such as Maths, Science, Geography and Modern Studies was expanded.

As in many fields of work, a modern window on the world was opened with the arrival of the Internet. Stòrlann followed this trend and developed specific

websites which gave access to a wide range of Gaelic resources for Gaelic medium education and for learners. These special resources cover pre-school, primary and secondary school.

Presently, thousands of resources are available in print form and online.

This year, many resources were distributed to schools throughout Scotland. Some of these resources are referenced in this report.

Now that a new phonics scheme is established and distributed to teachers and pupils, Stòrlann has begun work on a new reading scheme. The intention is that this will be an original Gaelic resource.

There is continuing training and support for teachers on the Alltan website, which hosts training opportunities designed by teachers for teachers. As well as the online provision, Stòrlann attends information days for pupils and parents.

Today, many of the pupils in Gaelic education come from homes where Gaelic is not the language of the home. To help these pupils and parents, Stòrlann runs the Gaelic4Parents website where there are lots of books and useful information and resources. Users can get additional information and help on the Facebook page – a much appreciated service which has over nine thousand registered followers.

International links continue and Stòrlann was pleased to send learning resources to Taigh Sgoile na Drochaid in Mabou, Canada, with support from the Scottish Government.

The collaboration between Stòrlann and Ireland continued through the production of a new resource containing common expressions in Gàidhlig and Gaeilge. The resource is called Abair Seo and was facilitated with the support of Iomairt Cholmille.

As promised, I would like to refer briefly to what Stòrlann has in view for the year ahead.

We hope to strengthen the team with an appointment to a new post which has responsibility for learning resources and links with teachers. In terms of resources, work will begin on setting and writing a new reading scheme with the support of teachers and schools, as well as a wide range of other resources at different levels.

As is appropriate, we warmly thank Bòrd na Gàidhlig and the Scottish Government for the support they are giving Stòrlann at a challenging time for all.

As a national body, Stòrlann looks forward to playing a full part in the delivery of the national targets with which we will be presented in the Scottish Languages Bill and the National Gaelic Plan.

Finally I would like to warmly thank my colleagues, and all those who are and have been involved in Stòrlann over the last twenty five years. I would also like to thank those who work in the field of Gaelic education, for their support in relation to our goal delivery, and in providing a breadth of useful resources for pupils, teachers and parents.

The Gaelic resource shelf, in print and online, is evidence of the amazing work done up to now. The good news is that there is more to come!

Goireasan Bun-sgoile



Ciùban Fonaigs

Tha Ciùban Fonaigs fìor mhath airson a' chiad eòlas a chur air litrichean agus na fuaimean aca. Anns a' bhogsa tha 308 ciùban le 72 fònioman agus 5 mìrean a bharrachd gus leughadh fìleanta agus litreachadh ceart a bhrosnachadh.

- Tha na ciùban fonaigs nan goireas sònraichte gus sgilean fonaigs a bhrosnachadh ann an dòigh eile seach a bhith dìreach a' sgrìobhadh litrichean. Leis gun gabh na ciùban cur ri chèile agus toirt às a chèile gu furasta, nì iad samhlachadh soilleir air, mar eisimpleir, coimeasgachadh agus bristeadh an-àirde, agus cuideachd daingnichidh iad leughadh agus litreachadh bho chli gu deas.
- 'S e an t-amas gum broснаich na ciùban co-fhreagradh litir ri fuaime agus sgilean ann an dèanamh fhaclan. Chaidh na ciùban a thaghadh a rèir tricead nan litrichean gus leigeil le clann mòran fhaclan cumanta Gàidhlig a dhèanamh.
- Tha còd dhathan air na ciùban a chuidicheas clann gus diofar ghrafioman aithneachadh aig ìre còd agus facail. Bheir am measgachadh de dhaingneachadh sùla agus làimhseachaidh cuideachadh do chlànn a tha a' faighinn dhòighean sgrìobhte duilich. Bheir cleachdadh nan ciùban taic mhòr do theagasg fonaigs.

Tha iad sònraichte math airson obair-buidhne neo-eisimeileach, agus tha iad cuideachd freagarrach airson mòran gheamannan agus ghnìomhan eadar-dhealaichte.

www.storlann.co.uk/fios-air-fuaimian

Ciùban Fonaigs

Ciùban Fonaigs is an excellent resource for introducing letters and their sounds. In the box there are 308 cubes with 72 phonemes and 5 extra segments to encourage fluent reading and correct spelling.

The cubes are particularly useful for encouraging phonetic skills in a different way from just writing letters. Since the cubes can be easily put together and pulled apart, they give a clear representation of, for example, blending and segmenting, and also consolidate reading and writing from left to right.

The aim is for the cubes to encourage letter-sound correspondence and word-making skills. The cubes were chosen according to the frequency of the letters so as to allow children to make lots of common Gaelic words.

The cubes are colour-coded to help children recognise the different graphemes at code and word level. The combination of eye and hand consolidation will help children who find written methods difficult. Using the cubes will greatly enhance phonics teaching.

They are particularly good for independent group work, and are also suitable for lots of different games and activities.

Goireasan Bun-sgoile Primary Resources



A' togail sheantansan

Tha na cairtean seo nan dòigh spòrsail, gnìomhach airson sgoilearan a chuideachadh le bhith ag ionnsachadh mu bhith a' togail sheantansan agus ag ionnsachadh structar sheantansan anns a' Ghàidhlig. Faodaidh sgoilearan na ceudan de sheantansan sìmplidh agus nas adhartaiche a thogail le na cairtean seo.

Tha 118 blocaichean dà-thaobhach ann, (224 faclan agus 12 comharra-puingeachaidh) ann an diofar dhathan a rèir an t-seòrsa facail a th' ann. Mar sin, 's e deagh dhòigh a tha seo air gràmar sìmplidh a theagasg do sgoilearan òga.

An cois a' ghoireis seo tha 20 cairt le dealbhan airson cuideachadh a thoirt dha na sgoilearan a tha feumach air beagan a bharrachd taic le seantansan a thogail.

Sentence building cards

These sentence cards are a fun, active way to help young pupils learn about building sentences and learning sentence structure in Gaelic. Pupils can build hundreds of simple and more advanced sentences with these cards.

There are 118 double-sided blocks, (224 words and 12 punctuation marks) in different colours depending on the type of word. Therefore, this is a good way to teach simple grammar to young pupils.

This resource is accompanied by 20 picture cards to help pupils who need a little more support with constructing sentences.

Brat-ùrlair agus mìrean-measgaichte

Bidh am brat-ùrlair agus na mìrean-measgaichte tarraingeach seo a' cuideachadh sgoilearan aig an tràth ìre le bhith ag aithneachadh litrichean na h-aibideil, fuaimeam agus faclan sìmplidh.

Alphabet rug and jigsaw

This alphabet rug and jigsaw will help early years pupils to recognise the letters of the alphabet, phonics and simple words.



Goireasan Bun-sgoile

Primary Resources

Plastic

This is a cross-curricular resource that helps pupils learn about the impact of plastic on the environment, animals and people around the world, why it has become such a big problem, and that businesses, governments, schools and the general public have a role to play in solving the issue.



Ionnsachadh airson Seasonal PLASTAIG

PDF Powerpoint

A' sgrìobhadh litir impidheach A' sgrìobhadh litir impidheach

Geàrr a-mach na dealbhan gu h-ìosal agus cuir iad ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an fhear a bhios as luaithe a bhriseas sìos chun an fhir a bhriseas sìos nas slaodaiche.

Loidhne-tìm Sgudail



Fòn-làimhe	Iris
Stocainn chlàimhe	Rùsg banana
Poca bith-phlastaig	Botal plastaig
Ubhal	Poca tì

www.gaelic.education

Plastaig

'S e goireas tar-churraicealam a tha seo a chuidicheas sgoilearan gu ionnsachadh mun a' bhuaidh a th' aig plastaig air an àrainneachd, air beathaichean agus air daoine air feadh an t-saoghail, mar a dh'fhàs e na trioblaid mhòr, agus gu bheil pàirt aig gnìomhachasan, riaghaltasan, sgoiltean agus am mòr-shluagh airson fuasgladh fhaighinn air a' chùis. Ionnsachaidh sgoilearan mu dheidhinn:

- cho cumanta 's a tha plastaig agus carson
- plastaig thar nam bliadhnaichean, sùil air an luchd-saidheans – dè chruthaich iad agus dè an trioblaid a bha iad a' feuchainn ri fhuasgladh
- mar a thug sanasachd buaidh air mar a chleachd sinn plastaig
- an trioblaid le plastaig agus a' bhuaidh a th' aige air beathaichean agus an àrainneachd
- na ghabhas dèanamh mun trioblaid le plastaig
- mar a tha luchd-ealain a' tarraing aire dhaoine chun na trioblaid le plastaig
- naidheachd mhath – sùil air na ceumannan a tha gnìomhachasan, riaghaltasan, sgoiltean agus daoine air a ghabhail.

Plastic

This is a cross-curricular resource that helps pupils learn about the impact of plastic on the environment, animals and people around the world, why it has become such a big problem, and that businesses, governments, schools and the general public have a role to play in solving the issue. Pupils will learn about:

- how common plastic is and why
- plastic over the years, a look at the scientists – what they created and what problem they were trying to solve
- how advertising has influenced our use of plastic
- the problem with plastic and its effects on animals and the environment
- what can be done about the plastic problem
- how artists draw people's attention to the problem with plastic
- good news – a look at the steps businesses, governments, schools and people have taken to help solve the problem with plastic.


Goireasan Bun-sgoile eile Other Primary Resources



Oscar agus Isean | Oscar and the Bird

Tha ùidh aig Oscar, a' phiseag, anns a h-uile rud. Nuair a bhruthas e putan gun fhiosta, tha e làn cheistean mu dhealan. Gu fortanach, 's urrainn Isean a chuideachadh leis na freagairtean!

Oscar, the kitten, is interested in everything. When he accidentally presses a button, he is full of questions about electricity. Luckily, the little bird can help with the answers!



Dealan | Electricity

Tha "Dealan" na phrògram spòrsail do sgoilearan bun-sgoile. Tha e a' teasgag fiosrachadh bunaiteach a' cleachdadh chuairtean shimplidh le bataraidhean, bleibean, agus suidsichean.

Electricity is a fun set of resources for primary schools. It teaches basic information using simple circuits with batteries, bulbs, and switches.



Chan e Fògarrach m'ainm | My name is not Refugee

Chaidh an leabhar-dhealbhan cliùiteach *Chan e Fògarrach m'ainm* a sgrìobhadh le Kate Milner. Tha an leabhar a' leantainn balach beag agus a mhàthair air turas bhon dachaigh ann an dùthaich nach deach ainmeachadh sa bheil cogadh, gu àite sàbhailte fada air falbh.

The acclaimed picture book *My name is not Refugee* was written by Kate Milner. The book follows a little boy and his mother on a journey from their home in an unnamed country at war, to a safe place far away.



Postairean Ciùil | Music Posters

Chaidh na 33 postairean seo fhoillseachadh don dàrna/treas ìre. Cuideachd, le stiùir bho thidsearan, chaidh 5 de na postairean a chlà-bhualadh agus a chur gu sgoiltean.

A collection of 33 music posters released in PDF format for second/third level students. Additionally, in collaboration with teachers, 5 of these posters have been printed and have been distributed to schools.



Giuthas Sealbhach | Fir for Luck

Stèidhichte air tachartasan fìor, tha *Giuthas Sealbhach* ag innse sgeulachd bhrùideil nam Fuadaichean air a' Ghàidhealtachd, nuair a bha barrachd meas aig na h-uachdarain air caoraich na bha aca air daoine

Fir for Luck is a historical children's novel about a feisty girl called Janet. She's only twelve, but she finds herself in quite a scary position – she is the only one standing between her village and the officer with the eviction writ.



Leabhariachean Barrington Stoke | Barrington Stoke Books

Leabharaichean ùr – Athair air Oisean, A' Bhuidse Steagach, Banais nam Bonnach, Nadine Dreams of Home and Tiger on my Back.

New books – Street Corner Dad, The Sticky Witch, Cupcake Wedding, Nadine Dreams of Home and Tiger on my Back.

Goireasan Àrd-sgoile Secondary Resources

Mise 2 agus 3

Thairis air a' bhliadhna mu dheireadh, dh'fhoillsich Stòrlann an dàrna agus an treas aonad ann an sreath de naoi do dh'fhileantaich air a' chiad trì bliadhna san Àrd-sgoil – *Mise agus mo shaoghal nàdarra* (aonad 2) agus *Mise agus mo laoich* (aonad 3). Tha an dà aonad gu sònraichte airson sgoilearan air a' chiad bhliadhna agus a' leantainn bhon chiad aonad, *Mise!* a chòrd gu mòr ri sgoiltean. Tha cuspairean leithid an cladach, an tìr agus eunlaith uile air an còmhachadh san dàrna aonad agus tha fòcas san treasamh aonad air gaisgich ann an saoghal nan Gàidheal, an-diugh agus an-dè. Tha measgachadh math de na prìomh cheithir sgilean ionnsachaidh air am measadh agus tha measadh nas foirmeile cuideachd aig deireadh an aonaid airson gach sgil. Tha pasgan an tidseir/freagairtean agus faidhlichean fuaim an cois an aonaid.

Chaidh Mise 4 (*Mise agus mo dhreuchdan*) fhoillseachadh san Iuchar 2024 agus nochdaidh Mise 5 (*Mise agus mo shlàinte*) san Fhoghar 2025. Tha an dà aonad sin ag amas air fileantaich san dàrna bliadhna den Àrd-sgoil.

Mise 2 and 3


Over the last year, Stòrlann has published the second and third unit in the nine-unit series for fluent pupils on the first three years of secondary – *Mise agus mo shaoghal nàdarra* (unit 2) and *Mise agus mo laoich* (unit 3). The two units are especially for pupils in first year, following on from the first unit, *Mise!* that was greatly enjoyed by schools. Subjects such as the coast, the land and birds are covered in the second unit and the third unit focuses on heroes in the world of the Gaels, yesterday and today. There is a great mix of the main four skills being assessed and formal assessments for each skill at the end of the unit.

There is a teacher pack/answers and audio files in each unit.

Mise 4 (*Mise agus mo dhreuchdan*) was published in July 2024 and Mise 5 (*Mise agus mo shlàinte*) will be released in autumn 2025. Those two units will be aimed at fluent pupils in second year of high school.



FILEANTA



Klondykers

Anns a' Mhàrt 2024, dh'fhoillsich sinn aonad-obrach do fhileantaich ag obair aig an Àrd-Ìre Adhartach agus stèidhichte air an leabhar *Na Klondykers* aig Iain F. MacLeod. Tha an t-aonad freagarrach cuideachd do sgoilearan comasach ag obair air deuchainn na h-Àrd-Ìre.

Ann am pasgan an sgoileir, tha ceistean tuigse agus luachaidh a' nochdadh airson gach caibidil san leabhar agus na ceistean air an roinn fo dhiofar cinn leithid caractar, plota, suidheachadh agus cànan. Tha earrann stèidhichte air gràmar an cois gach caibidil cuideachd agus aig deireadh a' phasgain, measaidhean nas foirmeile air leughadh, èisteachd, labhairt agus sgrìobhadh nan sgoilearan.

A thuilleadh air a' phasgan-obrach, tha podcast leis an ùghdar ri fhaighinn agus tha còir gum bi seo na dheagh ghoireas èisteachd do sgoilearan.

Tha pasgan do thidsearan an cois an aonaid cuideachd.

Klondykers

In March 2024, we published a unit for fluent pupils working at Advanced Higher level, based on the book *Na Klondykers* by Iain F MacLeod. The unit is also suitable for advanced pupils working towards Higher level examinations.

In the pupil pack there are understanding and evaluation questions for each chapter in the book and they are under different headings such as character, plot, setting and language. There is an extract on grammar in each chapter as well, and at the end of the pack, formal assessments on pupils' reading, listening, speaking and writing.

In addition to the work pack, there is a podcast with the author included and this should be a great audio resource for pupils.

There is also a teachers' pack as part of the unit.

Goireasan Àrd-sgoile Secondary Resources

Cuspairean Sòisealta N4/N5

A' cur ri goireasan N4/N5 airson cuspairean sòisealta am-bliadhna tha Linn a' Chogaidh Mhòir ann an Eachdraidh. San leabhar seo tha gearr-chunntas goirid de gach cuspair 's an uair sin earrann uile-chùiseach airson gach caibideil. A bharrachd air an seo tha fiosrachadh mun sgeama ceartachaidh – a' gabhail a-steach mar a tha comharran air an roinn – taic ionnsachaidh agus stiùireadh nas mionaidiche airson gach topaig.

Ann an Nuadh-eòlas tha Deamocrasaidh ann an Alba agus san RA. Tha an leabhar seo a' gabhail a-steach nan atharrachaidhean sa chùrsa seo, le barrachd cuideim air eòlas agus tuigse ann an deuchainnean N5. Thathas a' coimhead ann an doimhneachd air:

- na tha an lùib a bhith a' fuireach ann an deamocrasaidh;
- riochdachadh ann am pàrlamaidean na h-Alba agus na RA;
- siostamam bhòtaidh agus iomairtean taghaidh san RA.

Tha na leabhraichean seo rim faighinn ann an cruth PDF air gaelic.education còmhla ri Malairt Atlantaigeach nan Tràillean agus Cruinn-eòlas.

N4/N5 Social Subjects

This year the History book Linn a' Chogaidh Mhòir/Era of the Great War has been added to N4/N5 resources for social subjects. The book contains a summary of each topic and then a comprehensive section for each chapter. There is also information on the marking scheme – including the marks allocation – learning support and more detailed guidance for each topic.

For Modern Studies, the title Deamocrasaidh ann an Alba agus san RA/Democracy in Scotland and the UK has been added. This book reflects the changes to the course, with greater emphasis on knowledge and understanding in N5 examinations. The following are covered in depth:

- what it means to live in a democracy
- representation in the Scottish and UK parliaments
- voting systems and election campaigns in the UK.

These books are available in PDF format at gaelic.education, as are Malairt Atlantaigeach nan Tràillean/The Atlantic Slave Trade and Cruinn-eòlas/Geography.



NUADH-EÒLAS Leabhar Cùrsa – N4 & 5



Goireasan ùra do luchd-ionnsachaidh san àrd-sgoil New resources for secondary learners

Nàiseanta 5 Pasganan ullachaidh

Am-bliadhna, chruthaich sgrìobhadair Ceumannan dà phasgan obrach do sgoilearan a tha a' dèanamh deiseil airson deuchainnean Nàiseanta 5 Gaelic. Anns gach pasgan, gheibhear pìosan obrach anns na ceithir sgìlean: Èisteachd, Leughadh, Sgrìobhadh agus Labhairt agus tha iad stèidhichte air na ceithir co-theacsan: *Cultar*, *Sòisealtas*, *Ionnsachadh agus Comas-obrach*. Tha gach pìos obrach air a chruthachadh airson a bhith coltach ris na chì sgoilearan ann am measaidhean agus deuchainnean N5. Gabhaidh na pasganan, faidhlichean fuaim agus Notaichean an Tidseir a luchdachadh a-nuas bho làrach *Ceumannan*. Tha fiosrachadh bho thidsearan agus an àireamh mhòr de phasganan a chaidh a luchdachadh a-nuas a' sealltainn gu bheil sgoiltean a' dèanamh gàirdeachas ris a' ghoireas. Thig pasganan airson Àrd-ìre Gaelic a-mach a dh'aithghearr.

National 5 Study Packs

This year, our *Ceumannan* course writer has created two study packs of original material designed to assist teachers and pupils preparing for National 5 Gaelic Learners examinations. Each pack contains tasks in the four key skill areas: Listening, Reading, Writing and Talking and covers the four contexts of *Culture*, *Society*, *Learning and Employability*. The tasks in the pack are designed to reflect the level and style of National 5 assessments and exams and, as such, will serve as valuable revision tools. Study packs, Teachers' Notes and sound files can all be downloaded from the *Ceumannan* website. Feedback from teachers and high download numbers indicate the packs have been well received. Study packs for Higher Gaelic will be published in the second half of 2024.



Coimhearsnachd Ceumannan

“An làmh a bheir, 's i a gheibh.”

'S e làrach ùr a th' ann an Coimhearsnachd Ceumannan far am faod tidsearan goireasan a cho-roinn le chèile. Tha tidsearan di-beathte faidhlichean sam bith a luchdachadh a-nuas no stuthan aca fhèin a chur ris a' bhanca. Tha grunn thidsearan air na stuthan teagaisg aca fhèin a chur dhan Choimhearsnachd mar-thà agus thathas an dòchas gun cùm am banca a' fàs agus gum bi e na chuideachadh do thidsearan Gaelic.

New online sharing platform launched

Teaching is busy and life is too short to be reinventing the wheel every week! Therefore, this year the Ceumannan team set up 'Coimhearsnachd Ceumannan' — an online sharing platform within the Ceumannan website where teachers can upload their own resources and download anyone else's materials too. Our bank of resources is growing fast and there are plenty of fantastic materials to choose from for all ages and stages.



An t-Alltan Air-Loidhne – Fonaigs

Nàiseanta 5 Pasganan ullachaidh

Tha am pròiseact fonaigs againn Fios air Fuaimean, a chruthaich Jayne NicAsgaill, a bha na h-Oifigear Leasachaidh Goireasan Bun-sgoile againn, còmhla ris an sgioba dealbhachaidh agus dhidseatach, na ghoireas bunaiteach airson fonaigs shinteataig, shiostamataigeach a theagasg. Chaidh a dhealbhachadh gus an ceangal eadar litrichean agus fuaimean ann an aibideil na Gàidhlig a theagasg, agus gus eacarsaichean briathrachais, labhairt agus èisteachd a thoirt do sgoilearan. An cois a’ phròiseact tha 7 leabhraìn, làrach-lìn le còrr is 180 faidhl a ghabhas luchdachadh a-nuas, agus dà app.

Gus luchd-teagaisg a chuideachadh le teagasg fonaigs, chùm sinn sreath de 3 bùthan-obrach air-loidhne, An t-Alltan Air-Loidhne, ann an compàirteachas ri Anne Glennie, a bha na tidsear, na neach-comhairleachaidh litearrachd, agus na neach-trèanaidh, a chruthaich Reflective Reading agus Phonics Forever, agus a tha na stiùiriche aig The Learning Zoo. Tha Anne air còrr is 11,000 neach-teagaisg a thrèanadh ann an diofar raointean litearrachd air feadh Alba.

Chaidh na bùthan-obrach a lìbhrigeadh tro MS Teams thar 3 seachdainean feasgar. Bha còrr is 100 neach a ghabh pàirt anns na bùthan-obrach air-loidhne, agus mòran a bharrachd a tha air na clàraidhean a choimhead bhon uair sin. A dh'aindeoin thrìoblaidean beaga teicnigeach, chòrd na bùthan-obrach riutha; fhuair eadhon beachdan gun robh iad 'cruthachail, spòrsail, agus brosnachail.'

- Session 1: Reading Research, Reading Difficulties & Dyslexia, and The Alphabetic Code for English and Gaelic
- Session 2: The Synthetic Phonics Teaching Principles and How to Teach Reading & Spelling with a Complex Alphabetic Code
- Session 3: What Does a Lesson Look Like? Core Routines, Resources, and Best Practices

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig www.storlann.co.uk/fios-air-fuaimean.



An t-Alltan Air-Loidhne –Phonics

Nàiseanta 5 Pasganan ullachaidh

Jayne MacAskill, along with our digital and design team, created the fios air fuaim which serves as a foundational resource for teaching systematic, synthetic phonics. It is designed to teach the correspondence between letters and sounds in the Gaelic alphabet, and to provide pupils with exercises in vocabulary, speaking, and listening. The project includes 7 booklets, a website with over 180 downloadable documents, and 2 apps.

To assist teachers in teaching phonics, we hosted a series of 3 An t-Alltan Online workshops in collaboration with Anne Glennie, a former teacher, literacy consultant, and trainer, who is the creator of Reflective Reading and Phonics Forever and the director of The Learning Zoo. Anne has previously trained over 11,000 teachers across Scotland in various aspects of literacy.

The workshops were delivered via MS Teams as twilight sessions over 3 weeks. Over 100 participants attended the online workshops, and many more have since watched the recordings. Despite a few glitches with MS Teams, the workshops were well received, being described as ‘creative, fun, and inspirational.’

- Session 1: Reading Research, Reading Difficulties & Dyslexia, and The Alphabetic Code for English and Gaelic
- Session 2: The Synthetic Phonics Teaching Principles and How to Teach Reading & Spelling with a Complex Alphabetic Code
- Session 3: What Does a Lesson Look Like? Core Routines, Resources, and Best Practices

For more information, visit www.storlann.co.uk/fios-air-fuaimean.





Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot

www.storlann.co.uk | www.gaelic.education



Registered
Charity
SC031521